



Oilthigh  
Ghlaschu

# PLANA GÀIDHLIG

2024.

2027

## CLÀR-INNSE

<b>01</b>	Ro-ràdh	p.6
<b>02</b>	Facal-tòisich	p.8
<b>03</b>	Ar n-Àrd-Amasan don Ghàidhlig	p.10
<b>04</b>	Am Plana mar phàirt de Luchd-atharrachaidh an t-Saoghail Còmhla 2025	p.12
<b>05</b>	Ar Prìomhachasan don Ghàidhlig	p.14
<b>06</b>	Ar Gealltanasan don Ghàidhlig	p.18
	<ul style="list-style-type: none"> <li><b>6.1</b> Mu Choinneamh a' Phobaill</li> <li><b>6.2</b> Ionnsachadh agus Seirbheisean</li> <li><b>6.3</b> Rannsachadh agus Tional Dàta</li> <li><b>6.4</b> Sgeamaichean, Pròiseactan is Tachartasan Cànain</li> <li><b>6.5</b> Dleastanas Corporra agus Prìomh-shruthadh</li> </ul>	
<b>07</b>	Prìomh Chomharran Coileanaidh	p.48
<b>08</b>	Amasan Seirbheis Chorporra	p.50
<b>09</b>	Buileachadh, Sgrùdadh agus Follaiseachd	p.52

# 01

# RO-RÀDH

## Taobh a-staigh ar Plana Gàidhlig 2024 – 2027...

Lorgaidh sibh liosta de ar n-àrd-amasan, prìomhachasan, gealltanasan, targaidean Prìomh Chomharran Coileanaidh (PCC), agus Amasan Seirbheis Chorporra airson Gàidhlig a leasachadh thar nan 3 bliadhna ri teachd.

B' e ar n-amas ann an leasachadh an treasamh Plana Gàidhlig do dh'Oilthigh Ghlaschu, fiosrachadh a thaisbeanadh ann an dòigh cho mionaideach agus cho dìreach 's a ghabhas gu buannachd luchd-obrach, oileanaich an Oilthighe agus luchd-amhairc eile a bhios an sàs sa phlana seo.

Mar sin, a dh'aon ghnòthaich, is e plana goirid a tha seo leis gach ceum air a luachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' neartachadh suidheachadh na Gàidhlig san Oilthigh anns an latha an-diugh, agus a' suidheachadh ghealltanasan tro phoileasaidh, gu buannachd na Gàidhlig san àm ri teachd.

Tron phlana seo, tha sinn an dòchas a thaisbeanadh mar a chuireas sinn taic ri agus a roinneas sinn an dleastanas a thaobh Gàidhlig a leasachadh, tro stèidheachadh air lionraidhean ùra a thuilleadh air taic a chur riuthasan a tha làn-stèidhichte, agus le bhith a' ruighinn a-mach gu bhith ag obair le coimhearsnachdan Gàidhlig, an dà chuid gu corporra agus air-loidhne.

Tha sinn an dòchas gun doimhnich am modh-obrach seo am mothachadh do choimhearsnachd agus sealbh a tha an làthair san Oilthigh a thaobh na Gàidhlig, agus tro leasachadh air àiteachan a tha nas bàigheile don Ghàidhlig, togaidh sinn air misneachd na coimhearsnachd agus an saoirse air cur an cèill ann an dòighean ùra agus cruthachail.

Tha am Plana Gàidhlig seo a' riochdachadh caibideil ùr ann an sgeul na Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu, agus tha sinn an dòchas gum bi e tlachdmhor agus fiosrachail dhuibh a leughadh.

# 02

# FACAL-TÒISICH



Mar Phrionnsapal agus Iar-Sheansalair Oilthigh Ghlaschu, tha e na urram dhomh an ath ìre de ar dealas a thaobh taic agus leasachadh na Gàidhlig a chur an aithne dhuibh tro Phlana Gàidhlig Oilthigh Ghlaschu 2024 - 2027.

Leis an tritheamh ath-thriall seo den Phlana, tha sinn a' togail air ar coileanaidhean ann an libhrigeadh Phlanaichean Gàidhlig an Oilthighe roimhe seo, agus tha sinn air cinn-uidhe ùra a leasachadh ann an co-rèir ris na fìorachdan a tha a' gnè-fhàs bho chànan is cultar Gàidhlig bheòthail an latha an-diugh.

Ann an cruthachadh a' Phlana seo, tha sinn air àireamh de phrìomhachasan cudromach a ghleidheadh fa ar comhair. Tha sinn gu tur dealasach a thaobh taic do dh'amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig, agus tha sinn airson eòlas den chiad ìre a sholarachadh a bhios air àrdachadh mu choinneamh agus a rèir feumalachdan ar n-oileanach, luchd-obrach agus nan diofar luchd-ùidhe a tha a' conaltradh leis an Oilthigh mu ar planaichean don Ghàidhlig.

Tha sgeul na Gàidhlig san Oilthigh ri fhaicinn gu follaiseach agus tha mòran de ar n-amasan ùra air a thighinn am bàrr mar thoradh air a bhith a' tarraing air an rannsachadh an lùib 'Sgeul na Gàidhlig', a tha a' dèanamh sgrùdadh air dilseachd fad-amail an Oilthighe don Ghàidhlig; agus a' dearbhadh cudromachd na coimhearsnachd Ghàidhlig don Oilthigh on a chaidh a stèidheachadh ann an 1451.

Gus ar dealasan amalachadh nas fharsainge air feadh an Oilthighe, tha sinn air prìomhachasan agus gealltasan soilleir a leasachadh a tha a' co-thaobhadh le lèirsinn ro-innleachdail plana-gnìomha Glaschu Cruth-atharrachail Cruinneil 2025 an Oilthighe.

Stiùiridh seo sinn a dh'ionnsaigh neartachadh cheanglaichean eadar Gàidhlig agus mòran de ghnìomhan an Oilthighe.

Tha cunntas-sluaigh 2022 ag aithris meudachadh de 0.8%, no 43,100 neach a bharrachd ann an àireamh-sluaigh na h-Alba a' cosnadh chomasan sa Ghàidhlig thar nan deich bliadhna a chaidh seachad. Is e naidheachd mhisneachail a tha seo a tha a' taisbeanadh buaidh a' phròiseis phlanaidh air fàs na Gàidhlig, a' gabhail a-steach leudachadh meudaichte agus ruigsinneachd air goireasan is cùrsaichean ionnsachaidh àrd-chàileachdail, agus cothroman air a' chànan ionnsachadh agus a chleachdadh.

Tha an t-Oilthigh a' tuigsinn gu bheil ar dleastanas ann an libhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig seo a' dol fada seachad air na dleastanasan reachdail againn sin a dhèanamh. Is e aitreabh stèidhichte a th' annainn ann am Baile Mòr nan Gàidheal (the City of the Gaels) – a tha air a bhith na dhachaigh do dh'àireamhan àibheiseach de luchd-labhairt na Gàidhlig thar nan linntean. Tha e mar fhiachaibh oirnn gabhail gu dùrachdach ris a' Ghàidhlig mar chànan beò aig a bheil mòran ri chur ris an Oilthigh againn agus ris a' chomann shòisealta ann am farsaingeachd. Tha mi misneachail, tro oidhirp choitcheann ar coimhearsnachd agus com-pàirtichean an Oilthighe, gun coilean sinn na h-amasan adhartach a tha mìnichte sa phlana. A' toirt sin gu buil, bidh sinn a' dèanamh cinnteach gun lean a' Ghàidhlig oirre mar phàirt bheòthail agus bhunailteach de sgeul Oilthigh Ghlaschu thar nan linntean ri teachd.

**An t-Àrd-Ollamh Sir Anton Muscatelli**  
Prionnsapal is Iar-Sheansalair  
Oilthigh Ghlaschu

# AR N-ÀRD-AMASAN DON GHÀIDHLIG

# 03

## Tha a' Ghàidhlig air a bhith mar phàirt de sgeul an Oilthighe bhon a chaidh a stèidheachadh ann an 1451.

On a chaidh a stèidheachadh ann an 1451, tha Oilthigh Ghlaschu air a shaidhbheachadh tro chànan is cultar na Gàidhlig, a' fàgail làrach acadaimigeach, chultarach agus shòisealta nach gabh a seachnadh, air dearbh-aithne an aitreibh agus air a chliù fada is farsaing.

Tha an dìleab seo air a giùlain air adhart san latha an-diugh le coimhearsnachd de dh'oileanaich is luchd-obrach bheòthail, in-ghabhalach agus dhìcheallach a tha a' cumail orra a' cur gu cudromach ri feallsanachd agus luachan an Oilthighe.

Tha sinn an dòchas gun cuidich na tomhasan a tha taobh a-staigh Plana Gàidhlig 2024 – 2027 le Sgeul na Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu (the Gaelic story of the University of Glasgow) adhartachadh, agus an rannsachadh seo a chleachdadh ann an dòighean cruthachail gus togail air cudromachd na Gàidhlig san Oilthigh, mar sin ag ath-neartachadh na cùise airson taic leantainneach agus neartaichte thar nam bliadhnaichean agus nan ginealaichean ri teachd.

Ann an spiorad leantainn le sgeul na Gàidhlig, bheir sinn gealltanais gun dèan sinn barrachd le bhith ag obair le daoine, coimhearsnachdan, buidhnean agus com-pàirtichean gus inbhwadh.

Leasaichidh sinn ar tuigse don Ghàidhlig tro rannsachadh eachdraidheil agus co-aimsireil, agus tòisichidh sinn air pròiseactan cruthachail gus aithne a thoirt do luach na Gàidhlig agus a luach a chonaltradh ann an dòighean smaoineachail is brosnachail.

Co-thaobhaichte leis an rùn seo, tha tuigse don Ghàidhlig mar chànan is cultar nua-aimsireil a tha ri bhith air an adhartachadh 's air an roinn, a bhios a' toirt tlachd agus air an cleachdadh leis an Oilthigh agus leis na mòran daoine a tha a' dèanamh suas na coimhearsnachd Gàidhlig.

Tron phlana seo, tha sinn ag amas air daoine a ruighinn le ceangal domhainn don chànan, no ùidh choitcheann ann an Gàidhlig le builean de fhìor luach a neartaicheas inbhe agus cleachdadh na Gàidhlig fad nam bliadhnaichean ri teachd.

# LUCHD-ATHARRACHAIDH AN T-SAOGHAIL

# CÒMHLA 2025

# 04

Gus dèanamh cinnteach gu bheil am Plana Gàidhlig air a thuigsinn taobh a-staigh co-theacsa ro-innleachdail farsaing an Oilthighe, tha sinn air ar prìomhachasan agus ar gealltanasan a cho-thaobhadh ri cuspairean na ro-innleachd 5-bliadhna Luchd-atharrachaidh an t-Saoghail Còmhla 2025.

## Coimhearsnachd

**Cuimsichte air daoine, co-cheangailte gu cruinneil**



Tha coimhearsnachd agus cur dhaoine air thoiseach aig cridhe ar n-àrd-amasan sa phlana seo. Tro mheasgachadh de dhealasan, tha sinn a' coimhead ris na daoine le bheil sinn a' conaltradh a thuigsinn nas fheàrr, gus an urrainn dhuinn am feumalachdan a choileanadh ann an dòigh nas èifeachdaiche.

Tha co-obrachadh buidhnean ionadail Gàidhlig, a' co-thaobhadh a' Phlana Ghàidhlig le Rùn Catharra an Oilthighe ann an sireadh taic do fheumalachdan na coimhearsnachd agus dòighean a rannsachadh san urrainn don Ghàidhlig cuideachadh le cùisean sòisealta aotromachadh.

## Dùbhlain

**Cuimsichte air fuasgladh, treòraichte gu buaidh**



Tha gu bheil am plana seo an làthair na thaisbeanadh air na dùbhlain a tha fa chomhair na coimhearsnachd Gàidhlig, agus mar fhreagairt don dùbhlain sin, tha am plana seo na eisimpleir de mhodh-obrach ro-ghnìomhach agus cuimsichte air fuasglaidhean a chuireas taic ri feumalachdan na coimhearsnachd Gàidhlig, le toraidhean a tha soilleir agus susbainteach.

## Co-Cheangailteachd

**Mothaichte gu co-obrachail, neartaichte gu didseatach**



Faodaidh ceangal le càch ann an Gàidhlig brosnachadh agus adhbhar a thoirt do bheatha dhaoine, le fèin-fhiosrachadh com-pàirteachail brìoghmhor a tha a' mathachadh gach taobh de na tha e a' ciallachadh a bhith mar phàirt de UofG.

Tha sinn a' gabhail ris an seo tro chuideam air cudromachd a bhith a' solarachadh chothroman air ceangal le càch ann an Gàidhlig. Sin an t-adhbhar a tha sinn a' sireadh ri 3 Gàrraidhean an Oilthighe ainmeachadh mar làrach prìomhachais don Ghàidhlig agus coimheadar ri àiteachan eile air an àrainn airson an adhbhair seo cuideachd.

Bheir sinn seo air adhart don làraich dhidseataich le ro-innleachd airson susbaint Ghàidhlig fhàs air na meadhanan sòisealta, a tha an eisimeil taic agus co-obrachadh le cruthaichearan susbaint eile.

Tha am plana seo cuideachd air a neartachadh gu didseatach tro chleachdadh nas motha air dàta agus anailiseachd, gus ar tuigse a leasachadh den dòigh as fheàrr air Gàidhlig a thoirt air adhart taobh a-staigh diofar cho-theacsaichean.

# AR PRÌOMHACHASAN DON GHÀIDHLIG

# 05

Tha sinn air 5 prìomhachasan ro-innleachdail a leasachadh don Phlana Ghàidhlig 2024 – 2027:

- 1 Cuiridh sinn taic ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig
- 2 Cuiridh sinn taic ri seirbheisean do dh'oileanaich, luchd-obrach agus don choimhearsnachd Ghàidhlig
- 3 Cuiridh sinn luach air Gàidhlig mar phàirt chudromach de Oilthigh Ghlaschu
- 4 Lìbhrigidh sinn fiosrachaidhean brosnachail agus in-gabhalach
- 5 Tha sinn a' roinn an uallaich airson na Gàidhlig

## 1. Co-thaobhaidh sinn ar gealltanasan le taic do phrìomh amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus am buaidh a thomhas

Tha solarachadh barrachd chothroman air Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh, bunaiteach do chumail suas agus soirbheachadh a' chànan. Mar sin, tha sinn air dealasan a dhealbhadh a tha a' libhrigeadh ann an taic do phrìomh amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

### Cleachdadh Gàidhlig

Tha sinn air molaidhean a chur air adhart gus barrachd cleachdaidh air Gàidhlig a bhrosnachadh tarsainn an Oilthigh. Thèid seo a choileanadh tro stèidheachadh air taic agus goireasan a dh'aon ghnòthaich do luchd-obrach ann an co-chomhairle leis an lìonra luchd-obrach molta, Gaisgich na Gàidhlig (Gaelic Champions) a bhios a' tagradh airson barrachd cleachdaidh cuideachd.

Leasaichidh sinn planadh agus teachdaireachdan chonaltraidhean gus cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh tarsainn sianalan sòisealta an Oilthighe, a thuilleadh air anailiseachd a chleachdadh airson ar cuideachadh gu tuigsinn mar a tha subsaint Ghàidhlig ga chleachdadh agus air a chaitheamh. Fàsaidh sinn ar sgeamaichean cànan agus bidh sinn a' coimhead ri àrainneachdan a tha comasachadh shuidheachaidhean bogaidh Gàidhlig, a phrìomhachadh

### Ionnsachadh Gàidhlig

Eadar gnìomhachdan Ceiltis is Gàidhlig, UofG Gàidhlig, Cùrsaichean Goirid agus An Comunn Oiseanach, tha measgachadh de chothroman foirmeil agus neo-foirmeil gan tairgsinn do luchd-obrach is oileanaich airson Gàidhlig ionnsachadh, agus eachdraidh is cultar na Gàidhlig a sgrùdadh.

Bidh gealltanasan sa phlana ag amas air an tairgse seo a neartachadh le bhith a' coòrdanachadh agus ag adhartachadh nan cothroman sin tro leasachadh air ro-innleachd margaideachd.

Leasaichidh sinn cuideachd goireasan agus taic do luchd-ionnsachaidh gus an slighe ionnsachaidh cànan a thoirt chun na h-ath ìre.

### Tomhas Buaidh

Co-thaobhaidh sinn ar targaidean KPI gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' tomhas nan slatan-tomhais soirbheachaidh bunaiteach de luchd-ionnsachaidh Gàidhlig ùr a chruthachadh, agus a' comasachadh leasachadh air taghadh de dhòighean sa bheil cleachdadh na Gàidhlig ga bhrosnachadh.

## 2. Meudaichidh sinn ar taic agus ar seirbheisean do dh'oileanaich, luchd-obrach agus don choimhearsnachd Ghàidhlig

Tha Oilthigh Ghlaschu air a bhith aig àite-toisich solarachaidh air seirbheis den chiad ìre do luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig taobh a-staigh ar coimhearsnachd de dh'oileanaich is luchd-obrach, a thuilleadh air a bhith ag obair taobh ri taobh le com-pàirtichean gus tachartasan a chur air adhart mar thaic don choimhearsnachd ionadail.

Tro ar molaidhean, rannsaichidh sinn an taic agus seirbheisean a bharrachd as urrainn dhuinn a sholarachadh tro

ghoireasan, pròiseactan, tachartasan agus tursan, a tha a' cur luach ri eòlas dhaoine a tha a' com-pàirteachadh sa Ghàidhlig.

Tha sinn miannach air faighinn a-mach mar as urrainn don Phlana Ghàidhlig ar cuideachadh gu tuigse nas fheàrr fhaotainn air riatanasan na coimhearsnachd Ghàidhlig, agus mar as urrainn dhuinn obrachadh ri taobh ùghdarrasan ionadail agus buidhnean gus am feumalachdan a choileanadh.

## 3. Adhartaichidh sinn mar a tha sinn a' cur luach air agus a' tuigsinn Gàidhlig gu bhith na pàirt chudromach de dh'Oilthigh Ghlaschu

Tha a' Ghàidhlig air a bhith na mac-talla air feadh thrannsaichean Oilthigh Ghlaschu airson ceudan de bhliadhnaichean. Mar sin, tha sinn an dùil cudromachd sgeul na Gàidhlig aig an Oilthigh aithneachadh, tro adhartachadh air mar a tha sinn a' cur luach air agus a' tuigsinn na Gàidhlig gu bhith na pàirt chudromach de bheatha agus dearbh-aithne an oilthighe.

Tro mholaidhean ùra brosnachail a thaobh dreuchd Stiùiriche Cruthachail Gàidhlig air mhuinntearas a rannsachadh, a bhios air fhiosrachadh gu rannsachadh leithid Sgeul na Gàidhlig athbheithneachadh agus ath-dhealbhadh, a thuilleadh air stuthan co-cheangailte ri pròiseact DASG a tha ùghdarraichte le Acadamaidh Bhreatainn agus tasglannan com-pàirtiche taobh a-staigh phròiseactan ùra cruthachail.

## 4. Cuimsichidh sinn air eòlasan brosnachail is in-ghabhalach a libhrigeadh tro àrainneachdan Gàidhlig cruthachail agus bogaidh

Tha sinn air raon de mholaidhean a leasachadh taobh a-staigh a' Phlana Ghàidhlig a tha a' coimhead ri daoine a bhrosnachadh gu com-pàirt a ghabhail sa Ghàidhlig ann an dòighean ùra, smaoineachail agus brìgheil. Tro chom-pàirtichean ann an raointean cruthachail, barantaichidh sinn seiseanan mothachaidh Gàidhlig ùr a tha a' sgrùdadh chuislean làithreach agus bhon àm a dh'fhalbh, agus a tha co-cheangailte ri sgeul na Gàidhlig.

Ceangailte ris an àrd-amas seo, tha ar n-amas air faicsinneachd agus ìomhaigh na Gàidhlig a mheudachadh air feadh ar n-oighreachd, gus a bheil Gàidhlig air a faicinn 's air a cluinntinn mar chànan beò, a thuilleadh air àrainneachdan a chomharrachadh agus a dhion a tha a' furastachadh eòlas bogaidh do dh'oileanaich agus luchd-obrach

## 5. Brosnaichidh sinn dleastanasan co-roinnte don Ghàidhlig tro leasachadh chom-pàirteachasan agus sgrùdadh uidheaman

Tha sinn air molaidhean agus targaidean a leasachadh taobh a-staigh a' Phlana Ghàidhlig seo, a tha ag amas air barrachd com-pàirteachaidh a bhrosnachadh le a bhuileachadh agus a libhrigeadh.

Mar thaic don seo, tha sinn a' moladh Gaisgich na Gàidhlig, An Comunn Oiseanach agus Comhairle Rìochdachaidh nan Oileanach (SRC) a chleachdadh gus ìomhaigh na Gàidhlig a mheudachadh air feadh an Oilthighe, le ullachaidhean do dh'Albais cuideachd.

Thèid Plana Gnìomha is Sgrùdaidh Gàidhlig a chruthachadh ann an coobrachadh le sgiobaidhean tarsainn an Oilthigh, a tha cuimsichte air uidheam aithris air ais don Mhanaidsear Leasachaidh Gàidhlig a sholarachadh, agus dòigh a lorg air soirbheachas buileachadh a' phlana a luachadh.

Obraichidh sinn le com-pàirtichean bhon taobh a-muigh leithid Àrainneachd Eachdraidheil Alba a thuilleadh air oilthighean eile gus pròiseactan ùra a rannsachadh agus a leasachadh.

# AR GEALLTANASAN DON GHÀIDHLIG

# 06

Tha 25 (fichead 's a còig) gealltanais againn airson Gàidhlig a leasachadh taobh a-staigh 5 prìomh raointean leasachaidh:

6.1 MU CHOINNEAMH A' PHOBAILL

6.2 IONNSACHADH AGUS SEIRBHEISEAN

6.3 RANNSACHADH AGUS TIONAL DÀTA

6.4 SGEAMAICHEAN, PRÒISEACTAN  
IS TACHARTASAN CÀNAIN

6.5 DLEASTANAS CORPORRA  
AGUS PRÌOMH-SHRUTHADH

**6.1 MU CHOINNEAMH A' PHOBAILL**

Tro ar gealltanasan mu choinneamh a' phobaill, leasaichidh sinn làthaireachd na Gàidhlig taobh a-staigh chonaltraidhean, margaideachd, tachartasan, eadar-mhìneachadh, agus soidhneachd a tha a' nochdadh agus a' tarraing air beòthalachd na coimhearsnachd Gàidhlig.

**Leasaichidh sinn:**

- 01** Gàidhlig ann an conaltraidhean
- 02** Com-pàirt luchd-èisteachd le ùidh sa Ghàidhlig
- 03** Cothroman margaideachd nas fheàrr don Ghàidhlig
- 04** Faicsinneachd na Gàidhlig
- 05** Gàidhlig tro eadar-mhìneachadh, tachartasan agus tursan

**6.1 MU CHOINNEAMH A' PHOBAILL**

**GEALLTANAS 01**

*“Leasaichidh sinn Gàidhlig ann an conaltraidhean”*

Cleachdadh is Riochdachadh Gàidhlig		Actions delivered		
Libhrigte le	Gealltanasan 01	2024/25	2025/26	2026/27
<b>Stiùir:</b> Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig  <b>Taic:</b> Dàimhean air an taobh a-muigh UofG Gàidhlig Anad Dealbhadaireachd	Leasaichidh sinn ar cleachdadh air Gàidhlig ann an conaltraidhean agus gu faicsinneach tarsainn gach cruth, a' gabhail a-steach làraichean-lìn, gu sòisealta agus foillseachaidhean	Leasaich Stuthan Stiùiridh a' còmhach mar a bu chòir do sgiobaidhean is luchdobraich UofG, Gàidhlig a chleachdadh agus a thaisbeanadh.  Stuthan cruthaichte rin gabhail a-steach: - Stiùiridhean iomairt - Aithrisean làr-sinneach h is teacs - Loidhnichean conaltraidh - Ìomhaigheachd Banca na Gàidhlig agus bhidio a' taisbeanadh Gàidhlig gu faicsinneach mar chànan nuaaimesireil agus adhartach. - Ceanglaichean gu goireasan ùghdarrasail, fiosrachadh agus rannsachadh. - Buidhnean, lìonraidhean agus duilleagan coimhearsnachd	Stuthan stiùiridh adhartachadh tro chonaltraidhean air an taobh a-staigh, a' gabhail a-steach cheanglaichean ann an stiùiridhean brannd UofG, duilleagan lìn luchd-obrach Gàidhlig, agus acainn ùr luchdobraich gus dèanamh cinnteach à ruigsinneachd farsaing.	An goireas athùrachadh, a' ceangal gu fiosrachadh ùr agus leudachadh a' chruinneachaidh ìomhaighean de dh'ìomhaigheachd dàna is brosnachail, a tha a' cuideachadh le beatha Ghàidhlig aig UofG a mhargaideachd.

6.1 MU CHOINNEAMH A' PHOBAILL

GEALLTANAS 02

“Leasaichidh sinn Gàidhlig ann an conaltraidhean”



Conaltraidhean:		Gnìomhan		
Libhrigte le	Gealltanas 02	2024/25	2025/26	2026/27
<p><b>Stiùir:</b> Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig</p> <p><b>Taic:</b> UofG Gàidhlig</p> <p>Dàimhean air an Taobh A-Muigh</p> <p>Cruthaichearan Susbaint Ghàidhlig</p>	<p>Bheir sinn ro-innleachd chonaltraidhean agus plana gu buil gus com-pàirt luchd-èisteachd àrdachadh.</p>	<p>An ro-innleachd a leasachadh le: Ath-sgrùdadh susbaint Ghàidhlig làithreach agus a tha seachad airson tuigse compàirteachaidh luchd-èisteachd. Dealbhadh phròifilean luchd-èisteachd agus mapadh shlighean luchd-cleachdaidh gus cothrom air fiosrachadh a thuigsinn. Togail chompàirteachasan air an taobh a-staigh 's an taobh amuigh, co-obrachadh le cruthaichearan susbaint Ghàidhlig air iomairtean co-roinnte.</p> <p>Leasachadh a' Phlana Chonaltraidhean le:</p> <p>Cruthachadh innealan mar mhiosachan thachartasan sòisealta airson conaltradh eagraichte, a' comharrachadh thèaman adhartachaidh Gàidhlig agus cinn-latha. Co-thaobhadh susbaint ri tachartasan leithid Seachdain na Gàidhlig agus iomairtean mar Deichead Chànanan Tùsail UNESCO.</p>	<p>Cur ri chèile plana chonaltraidhe an Gàidhlig ann an coobrachadh le buill den sgioba a tha an sàs ann an sianalan chonaltraidhean UofG air an taobh a-staigh 's an taobh amuigh.</p>	<p>Ath-sgrùd òifeachdas a' Phlana Chonaltraidhean Gàidhlig tro insheallaidhean anailiseach ag aithris air soirbheachadh na susbaint agus iomairtean taobh astaigh Plana Gnìomha is Sgrùdaidh Gàidhlig, agus grinnich a' mhodh-obrach conaltraidh a' dol air adhart.</p>

6.1 MU CHOINNEAMH A' PHOBAILL

GEALLTANAS 03

“Leasaichidh sinn com-pàirt luchd-èisteachd le ùidh sa Ghàidhlig”



Margaideachd		Gnìomhan		
Libhrigte le	Gealltanas 03	2024/25	2025/26	2026/27
<p><b>Stiùir:</b> Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig</p> <p><b>Support:</b> Colaiste nan Ealain &amp; nan Daonnachdan</p> <p>Dàimhean air an Taobh a-muigh</p>	<p>Bheir sinn ro-innleachd is plana margaideachd gu buil as fheàrr a sheallas an saidhbhreas de chothroman Gàidhlig aig UofG.</p>	<p>Leasaich ar modh-obrach a thaobh margaideachd le: Dèanamh cinnteach à ruigsinneachd farsaing nàiseanta ach a' cumail ar comais air iomairtean targaidte ann an sgìrean ionadail nas lugha a thoirt gu buil.</p> <p>Ùisneachadh lionraidhean foghlaim, a' gabhail a-steach tidsearan agus buidhnean phàrant airson cothroman UofG adhartachadh.</p> <p>Leasachadh ar trusadh oileanaich le goireasan, teachdaireachdan is tachartasan air an libhrigeadh le tosgairean gu an raon cuspaireil Ceiltis is Gàidhlig.</p> <p>Measadh chothroman gus ceangal a dhèanamh le tachartasan trusaidh oileanaich a tha an làthair.</p> <p>Targaideadh thachartasan is fhèisean stèidhichte air am buntainneas agus àireamhan de luchd-èisteachd òg is glacte le Gàidhlig agus luchd-èisteachd le ùidh.</p>	<p>Leasaich builean bhon rannsachadh sa bhliadhna roimhe a-steach do Phlana Margaideachd, agus targaideadh thachartasan airson cothroman follaiseachaidh is trusaidh.</p>	<p>Libhrig am Plana Margaideachd agus coilean targaidean a thaobh fàs air àireamh oileanaich ag ionnsachadh air cùrsaichean Gàidhlig agus cuspairean air an solarachadh le UofG.</p>

6.1 MU CHOINNEAMH A' PHOBAILL

GEALLTANAS 04

“Leasaichidh sinn faicsinneachd na Gàidhlig.”



Faicsinneachd is Pròifil		Gnìomhan	
<b>Libhrigte le</b>	<b>Gealltan 04</b>	2024/25	2025/26 & 2026/27
<p><b>Stiùir:</b> Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig</p> <p><b>Taic:</b> Oighreachdan</p>	<p>Meudaichidh sinn faicsinneachd na Gàidhlig air feadh an Oilthighe.</p>	<p>Neartaich ar dealais a thaobh soidhneachd Ghàidhlig/ dhà-chànanach tarsainn na h-oighreachd tro leasachadh poileasaidh le dà phrìomh cheann-uidhe:</p> <p>Is e a' chiad ceannuidhe, aontachadh leis a' Mhanaidsear Leasachaidh Ghàidhlig, leasachaidhean is athleasachaidhean planaichte ri teachd uile air an oighreachd ath-sgrùdadh, airson amalachas air Gàidhlig.</p> <p>Thèid molaidhean a chur air adhart an uair sin agus an coileanadh fo cheannas Oighreachdan, gan coileanadh ann an co-obrachadh leis a' Mhanaidsear Leasachaidh Gàidhlig.</p> <p>Is e an dàrna ceann-uidhe soidhneachd Ghàidhlig is dàchànanach a mheudachadh tarsainn na h-oighreachd taobh a-staigh ar cuairt ath ùrachaidh air soidhneachd.</p> <p>Geallaidh sinn raon de shoidhneachd fhollaiseach a stèidheachadh a bhios làn dà-chànanach taobh a-staigh na cuairt ath ùrachaidh, a' dol air adhart.</p>	<p>Ma bhios e riatanach, gheibh sinn aonta air atharrachaidhean taobh a-staigh pàipear Poileasaidh Soidhneachd is Pròtacalan Dealbaidh an Oilthighe.</p> <p>Leasachadh phlanaichean airson sgeama Plàc Eachdraidheil tarsainn an Oilthigh agus coimhead ri ìrean eile de shusbaint eadar-mhìneachail Gàidhlig.</p> <p>Rannsachadh bheàran soidhneachd dhìseatach le comas air susbaint Ghàidhlig/ Albais a thaisbeanadh air sgrion mhòr eileagtronaigeach.</p> <p>Adhartachadh Gàidhlig gu bhith faicsinneach gu farsaing taobh astaigh thachartasan Gàidhlig UofG uile agus ann an tachartasan treas-phàrtaidh tar-adhartaichte.</p>

6.1 MU CHOINNEAMH A' PHOBAILL

GEALLTANAS 05

“Leasaichidh sinn Gàidhlig tro eadar-mhìneachadh, tachartasan agus tursan”



Taisbeanaidhean is Tursan		Gnìomhan	
<b>Libhrigte le</b>	<b>Gealltan 05</b>	2024/25	2025/26 & 2026/27
<p><b>Stiùir:</b> Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig</p> <p><b>Taic:</b> Hunterian Oighreachd an SRC Dàimhean air an taobh a-muigh Ceiltis is Gàidhlig</p>	<p>Leasaichidh sinn ar tairgse Ghàidhlig phoblach tro eadarmhìneachadh, tachartasan agus tursan coimhearsnach d.</p>	<p>Cur taic ris an Hunterian gus modh-obrach a thaobh eadar-mhìneachadh Gàidhlig a leasachadh, a tha gu h-àraid stèidhichte taobh a-staigh sealladh a' Ghàidheil.</p> <p>Bidh an obair seo a' sireadh ri thuigsinn mar as urrainn do dh'innleachdan bhon Ghàidhealtachd agus sgìrean eile, frithealadh mar ghiùlainear air modh aithrisean a chur an cèill, a tha a' frithealadh mar bheachdan eile air traidisean eadar-mhìneachail eachdraidheil. Bidh tuilleadh gnìomh gus Gàidhlig amalachadh do dh'obair an Hunterian a' gabhail a-steach leasachadh air goireasan foghlaim, agus tro thachartasan.</p>	<p>Leasachadh thursan Gàidhlig agus Albais taobh a-staigh an Oilthigh.</p> <p>A' gabhail ri rannsachadh Sgeul na Gàidhlig mar bhrosnachadh, leasaichidh sinn sgrìobt iùl-turais ann an Gàidhlig aig an aon àm ri ar rannsachadh air sgeama plàc eachdraidheil mhion-chànanan.</p> <p>Bithear a' sireadh dhaoine saor-thoileach a bhios air an trèanadh gus tursan a libhrigeadh aig amannan sònraichte, fosgailte don phoball le tionndadh ann an Albais ga bheachdachadh mar phàirt den phròiseas.</p>

**6.2 IONNSACHADH AGUS SEIRBHEISEAN**

Tro ar gealltanasan a thaobh ionnsachadh agus seirbheisean, atharraichidh sinn mar a tha sinn a’ conaltradh le luchd-obrach, oileanaich agus am poball gus am bi iad air am fiosrachadh nas fheàrr, uidheamaichte agus saidhbhrichte tro Ghàidhlig.

**Stèidhichidh sinn mar a:**

- 06** Mar a mheudaicheas sinn conaltradh le luchd-obrach tro chothroman trèanaidh cruthachail
- 07** Mar a dh’uidheamaicheas sinn luchd-obrach gus a dhol an sàs ann an Gàidhlig
- 08** Mar a bhios sinn a’ co-obrachadh le compàirtichean sgus Dualchas Cultarach Dobheantainn Gàidhlig (ICH) a rannsachadh
- 09** Mar a dh’adhartaicheas sinn a’ Bhliadhna Bhogaidh

**6.2 IONNSACHADH AGUS SEIRBHEISEAN**

**GEALLTANAS 06**

*“Leasaichidh sinn mar a mheudaicheas sinn conaltradh le luchd-obrach tro chothroman trèanaidh cruthachail ”*

Trèanadh agus Goireasan		Gnìomhan	
Delivered by	Gealltanas 06	2024/25 & 2025/26	2026/27
<p><b>Stiùir:</b> Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig</p> <p><b>Taic:</b> Sgrùdaidhean Theatar</p> <p><b>Co-obrachadh:</b> Pròiseas taìrgsidh gus an t-iarrtas as fheàrr a lorg</p>	<p><b>Bidh sinn ag amas air cothroman trèanaidh a choimiseanadh a gheibh luchd-obrach an sàs ann an Gàidhlig agus cùisean mhionchànanan ann an dòighean chruthachail agus smaoineachail.</b></p>	<p>Le ùmhlachd do ghoireasachadh freagarrach, leasaichidh agus libhrigidh sinn Seiseanan Mothachaidh Mhion Chànanan do luchd-obrach, a bhios a’ rannsachadh chùisean eachdraidheil is làithreach taobh a-staigh choimhearsnachdan Gàidhlig, Albais agus Cànan Soidhnidh Bhreatainn (BSL).</p> <p>Bidh na seiseanan eadar-obrachail sin ag amas air luchd-obrach uidheamachadh le in-sheallaidhean luachmhor a thaobh cudromachd a bhith a’ cur taic ri mion-chànan is cultar, agus smuaintean is beachdan a ghlacadh mu dheidhinn mar a dh’fhaodas luchd-obrach agus UofG a thighinn còmhla gus taic a chur ri leasachadh mhionchànanan, a’ dol air adhart.</p> <p>Cuiridh sinn taic cuideachd ri foillseachadh Cùrsa Inntigidh Uile-Fhosgailte Chànanan na h-Alba le cuimse air cànan is cultar na Gàidhlig do luchd-èisteachd dachaigheil agus eadar-nàiseanta.</p>	<p>Thèid fiosrachadh air ais a bhios air a thional bho na seiseanan a ghleidheadh agus athsgrùdadh, airson bheachdan air an ath Phlana Gàidhlig a leasachadh agus planadh mhionchànanan aig UofG.</p>

**6.2 IONNSACHADH AGUS SEIRBHEISEAN  
GEALLTANAS 07**

“Leasaichidh sinn mar a dh’uidheamaicheas sinn luchd-obrach gus a dhol an sàs ann an Gàidhlig.”

Trèanadh agus Goireasan		Gnìomhan		
Libhrigte le	Gealltanas 07	2024/25	2025/26	2026/27
<p><b>Stiùir:</b> Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig</p> <p><b>Taic:</b> Dàimhean air an Taobh A-Muigh UofG Gàidhlig</p>	<p>Leasaichidh sinn acainn fharsaing do luchd-obrach UofG, Ioma-làn stiùiridhean, goireasan ionnsachaidh, agus ceanglaichean deatamach airson an com-pàirt le Gàidhlig a mhisneachadh.</p>	<p>Co-chomhairleachadh le luchd-obrach gus na riatanasan a dhearbhadh.</p> <p>Stèidheachadh stuthan airson luchd-obrach uidheamachadh gu com-pàirt a ghabhail ann an Gàidhlig agus sgilean a leasachadh.</p> <p>Gleidheadh ghoireasan acainn a tha a’ gabhail a-steach ghoireasan ionnsachaidh, fiosrachadh mu chlasaichean ionadail agus stiùireadh air tachartasan eagrachadh, agus eadar-theangachadh Gàidhlig</p>	<p>Foillsich acainn an luchd-obrach agus cuir air adhart air an taobh a-staigh.</p>	<p>Sgrùd cothrom agus cleachdadh air acainn an luchd-obrach, agus ath-ùraich air bhunait leantainneach.</p>

PLANA GÀIDHLIG 2024-2027

**6.2 IONNSACHADH AGUS SEIRBHEISEAN  
GEALLTANAS 08**

“Obraichidh sinn le compàirtichean gus Dualchas Cultarach Dobheantainn Gàidhlig a rannsachadh (ICH).”

Dualchas Cultarach Dobheantainn		Gnìomhan	
Libhrigte le	Gealltanas 08	2024/25	2025/26 & 2026/27
<p><b>Stiùir:</b> Àrainneachd Eachdraidhe Alba</p> <p><b>Taic:</b> UofG</p>	<p>Obraichidh sinn le com-pàirtichean gus Dualchas Cultarach Dobheantainn Gàidhlig a rannsachadh (ICH).</p>	<p>Co-obrachadh le compàirtichean gus maoinachadh a shireadh bhon sgeama rannsachaidh dhotaireil cho-obrachail, mar thaic do rannsachadh ICH.</p>	<p>Le ùmhlachd do mhaoineachadh soirbheachail, bidh sinn a’ co-stiùireadh an rannsaichear fhastaichte agus a’ toirt seachad comhairle air cruthachadh ghoireasan mar bhuil a’ phròiseict, leithid mapa.</p>

PLANA GÀIDHLIG 2024-2027

**6.2 IONNSACHADH AGUS SEIRBHEISEAN**  
**GEALLTANAS 09**

*“Leasaichidh sinn mar a dh’adhartaicheas sinn a’ Bhladhna Bhogaidh”*



A' Bhladhna Bhogaidh		Gnìomhan
<p><b>Libhrigte le</b></p> <p><b>Stiùir:</b> Ceiltis is Gàidhlig</p> <p><b>Taic:</b> Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig</p>	<p><b>Gealltanas 09</b></p> <p>Cuiridh sinn taic ri cùrsa bogaidh Gàidhlig na Bliadhna Bogaidh</p>	<p>2024-27</p> <p>Adhartachadh a’ Bhladhna Bhogaidh taobh a-staigh phlanaichean agus ro-innleachd margaideachd air an ùr-leasachadh, agus obair com-pàirteachais a bhrosnachadh eadar com-pàirtichean a’ chùrsa agus amasan UofG Gàidhlig tro phròiseactan is tachartasan coimhearsnachd agus susbaint mheadhanan.</p>

**6.3 RANNSACHADH AGUS TIONAL DÀTA**

Tro ar gealltanasan a thaobh rannsachadh agus tional dàta, leasaichidh sinn ar tuigse don Ghàidhlig agus cuiridh sinn na dh’ionnsaicheas sinn an cèill a’ dol air adhart.

**Leasaichidh sinn:**

-  **10** Mar a nì sinn sgrùdadh air roghainnean Gàidhlig a rannsachadh
-  **11** Mar a roinneas sinn toraidhean an rannsachaidh air Gàidhlig
-  **12** Mar a dh’ath-obraicheas sinn rannsachadh eachdraidheil air Gàidhlig airson adhbharan cruthachail
-  **13** Mar a chruinneacheas sinn dàta air oileanaich le sgilean Gàidhlig
-  **14** Mar a thuigeas sinn luchd-èisteachd Gàidhlig nas fheàrr

## 6.3 RANNSACHADH AGUS TIONAL DÀTA

## GEALLTANAS 10

“Leasaichidh sinn mar a nì sinn sgrùdadh air roghainnean Gàidhlig a rannasachadh”



Rannsachadh Ùr		Gnìomhan	
Libhrigte le	<b>Gealltanas 10</b>	2024/25	2025/26 & 2026/27
<b>Stiùir:</b> Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig	Sgrùdaidh sinn roghainnean airson rannsachadh Gàidhlig, le cuimse air buaidh.	Cochomhairleachadh a dhèanamh le oilthighean compàirteachais, buidhnean Gàidhlig agus coimhearsnachdan gus liosta de phròiseactan rannsachaidh comasach a stèidheachadh, agus rangaich òrdugh nam pròiseactan sin a rèir am buaidh.	A' toirt air adhart nam pròiseactan rannsachaidh as obrachail agus sireadh maoineachadh bhon taobh a-muigh agus com-pàirteachasan mar thaic.

## 6.3 RANNSACHADH AGUS TIONAL DÀTA

## GEALLTANAS 11

“Leasaichidh sinn mar a roinneas sinn toraidhean an rannsachaidh air Gàidhlig”



Rannsachadh Làithreach		Gnìomhan
Libhrigte le	<b>Gealltanas 11</b>	2024-27
<b>Stiùir:</b> Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig	Rannsaichidh sinn dòighean ùra air conaltradh ri agus com-pàirteachadh leis a' phobaill, le ar rannsachadh air Gàidhlig.	Rannsaichidh sinn dòighean ùra air conaltradh ri agus compàirteachadh leis a' phobaill, le ar rannsachadh air Gàidhlig.  Tha meadhanan airson beachdachadh a' gabhail a-steach sruthadh, pod-chraoladh, agus cruthachadh bhidio a thuilleadh air Bloga Raon Cuspaireil Ceiltis is Gàidhlig, gus luchd-èisteachd ùr a chom-pàirteachadh nar n-obair, cothroman Q+A fhurastachadh do ar rannsaichearan agus tuigse a' phobaill a thogail don obair a tha sinn a' dèanamh.  Tha sinn a' coimhead cuideachd airson chothroman air co-obrachadh le sgiobaidhean eile nan conaltraidhean poblach, leithid leis a' Cholaiste nan Ealain & nan Daonnachdan air an t-sreath pod-chraolaidh.
<b>Co-obrachadh:</b> Rannsaicheara na Gàidhlig		

**6.3 RANNSACHADH AGUS TIONAL DÀTA**  
**GEALLTANAS 12**

“Leasaichidh sinn mar a dh’ath-obraicheas sinn rannsachadh eachdraidheil air Gàidhlig airson adhbharan Gàidhlig.”

Ath-chleachdadh Rannsachadh Gàidhlig		Gnìomhan		
Libhrigte le	Gealltanas 12	2024/25	2025/26	2026/27
<p><b>Stiùir:</b> Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig</p> <p><b>Compàirteachasan:</b> Tasglann DASG</p> <p>Tobar an Dualchais</p> <p>A' Bhliadhna Bhogaidh</p>	<p>Coimheadaidh sinn ri rannsachadh eachdraidheil agus tasglannan gus aithris a shaidhbhreachadh, a thathar a' cleachdadh ann an iomairtean cruthachail, gnìomhaidhean agus tachartasan speisealta.</p>	<p>Stèidhich sgioba chruthachail UofG Gàidhlig, le amas air tasglannan Gàidhlig, eachdraidh is sgeulachdan ionadail a rannsachadh, gus tèaman agus aithrisean a ghleidheadh a bhios a' biathadh tro thachartasan.</p>	<p>Foillsich a' chiad tachartas anns am bi mapadh seallaidh agus eileamaidean gnìomhaidh beò, cuimsichte air innse sgeulachd Sgeul na Gàidhlig mar thaic do Sheachdain na Gàidhlig.</p>	<p>Cur taic ri sgioba chruthachail UofG Gàidhlig ann an leudachadh thachartasan tro cho-obrachaidhean le Ceòl is Craic agus compàirtichean de aleithid, a' cur cuideam air tachartasan a tha ag innse sgeulachdan Gàidhlig.</p> <p>Bidh dealbhan agus piosan film bho thachartasan air an toirt còmhla gus na sgeulachdan sin a leudachadh gu didseatach agus ann an clò.</p>

**6.3 RANNSACHADH AGUS TIONAL DÀTA**  
**GEALLTANAS 13**

“Leasaichidh sinn mar a chruinneacheas sinn dàta air oileanaich le sgilean Gàidhlig.”

Siostaman Dàta		Gnìomhan		
Libhrigte le	Gealltanas 13	2024/25	2025/26	2026/27
<p><b>Stiùir:</b> Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig</p> <p><b>Taic:</b> Lionra Oifigearan Gàidhlig nan Oilthighean</p>	<p>Bidh sinn a' coimhead ri siostam tional dàta a thoirt gu buil, gus fiosrachadh a sholarachadh co-cheangailte ris an àireamh de dh'oileanaich le comasan Gàidhlig.</p>	<p>Rannsachadh gus tùsan dàta a stèidheachadh a dh'fhaodadh fiosrachadh a sholarachadh a rèir riaghailtean GDPR.</p> <p>Co-obrach le LOGO gus comas a rannsachadh airson còmhach nàiseanta do dh'Oilthighean com-pàirteachaidh.</p>	<p>Aontaidhean fhaotainn gus dàta a roinn a tha na àite le solaraidhean.</p>	<p>Thoir gu buil a' chiad aithisg airson toiseach na bliadhna acadaimigich.</p>

**6.3 RANNSACHADH AGUS TIONAL DÀTA**

**GEALLTANAS 14**

“Leasaichidh sinn mar a thuigeas sinn luchd-èisteachd Gàidhlig nas fheàrr.”








Anailiseachd		Gnìomhan	
Libhrigte le	<b>Gealltanas 14</b>	2024/25	2025/26 & 2026/28
<p><b>Stiùir:</b> UofG Gàidhlig</p> <p><b>Taic:</b> Oileanaich tro fhastaidhean</p> <p>Dàimhean air an Taobh A-Muigh</p>	<p>Cruthaichidh sinn cothroman gnìomhaidh agus co-obrachaidh le UofG Gàidhlig gus piseach a thoirt air ar dòigh lìbhrigidh air ar seirbheisean.</p>	<p>Solaraidh cothroman do dh'oileanaich gu obrachadh le UofG Gàidhlig sna raointean a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>- Ath-sgrùdadh air anailiseachd agus com-pàirt luchd-èisteachd</li> <li>- Eacarsaichean cochomhairleachaidh</li> <li>- Leasachadh sheirbheisean ùra</li> <li>- Leasachadh chonaltraidhean is modhan margaideachd</li> </ul>	<p>Stèidheachadh ar conaltraidhean agus planadh sheirbheisean air tuigse dhomhainn do fheumalachdan sònraichte ar luchd-èisteachd, agus mar as fheàrr as urrainn dhuinn iad sin a fhrithealadh.</p> <p>Bidh soirbheachadh air a thomhas tro bhuidhean is tro chleachdadh air ar susbaint, seach a' mheud a tha air a roinneadh.</p>

**6.4 SGEAMAICHEAN, PRÒISEACTAN IS TACHARTASAN CÀNAIN**

Tro ar gealltanasan do sgeamaichean, pròiseactan agus tachartasan cànan, meudaichidh sinn cothrom air pròiseactan Gàidhlig àrd-chàileachd is ùrghnàthach, a tha a' cur luach ri beatha dhaoine.

**Leasaichidh sinn:**

-  **15** Sgeama còmhnaidheachd Ghàidhlig Taigh na Gàidhlig
-  **16** Mar a rannsaicheas sinn cultar is dualchas Gàidhlig tro na h-ealain chruthachail
-  **17** Mar a bhios sinn a' co-obrachadh gus taic a chur ris a' choimhearsnachd Ghàidhlig
-  **18** Mar a bhrosnaicheas sinn luchd-obrach gu com-pàirt a ghabhail sna h-iomairtean Gàidhlig agus an cuid fhèin a leasachadh
-  **19** Mar a chuireas sinn taic ris A' Chomunn Oiseanach
-  **20** Mar a cho-obraicheas sinn le oilthighean com-pàirteachais

**6.4 SGEAMAICHEAN, PRÒISEACTAN ISTACHARTASAN CÀNAIN**

**GEALLTANAS 15**

“Leasaichidh sinn Sgeama còmhnaidheachd Ghàidhlig Taigh na Gàidhlig”



Sgeamaichean Cànain		Gnìomhan
Libhrigte le	<b>Gealltanas 15</b>	2024/25, 2025/26 & 2026/27
Stiùir: Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig	Leasaichidh sinn sgeama Taigh na Gàidhlig le amasan is àrd-mhiannan ùra.	Fàsaidh sinn sgeama Taigh na Gàidhlig le modh-obrach a bhios a' cuimseachadh air seiseanan brosnachail is cruthachail a thabhann, a bheir comas do chom-pàirtichean ùra sgilean luachmhor ùra a leasachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Coimheadaidh sinn cuideachd ri com-pàirteachasan ùra a chruthachadh le gnìomhachas, buidhnean coimhearsnachd agus tachartasan sòisealta ann an Alba agus thall-thairis, a' sireadh iomlaidean cultarach gus eòlas chom-pàirtichean air an sgeama a shaidhbheachadh.

**6.4 SGEAMAICHEAN, PRÒISEACTAN ISTACHARTASAN CÀNAIN**

**GEALLTANAS 16**

“Leasaichidh sinn mar a rannsaicheas sinn cultar is dualchas Gàidhlig tro na h-ealain chruthachail”



Stiùiriche Cruthachail air Mhuinntearas		Gnìomhan		
Libhrigte le	Gealltanas 16	2024/25	2025/26	2026/27
Stiùir: Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig	Leasaichidh sinn cùis airson dreuchd chòmhnaidheach do Stiùiriche Cruthachail Gàidhlig taobh a-staigh Colaiste nan Ealain & nan Daonnachdan, le dleastanas air ceòl ùr a chruthachadh a tha air a bhrosnachadh tro stuthan tasglainn agus bho chlàraidhean fuaime.	Leasaich cùis airson na dreuchd taobh a-staigh na Colaiste Ealain is Daonnachdan.	Sanasaich agus daingnich dreuchd Stiùiriche Cruthachail Gàidhlig air mhuinntearas airson ùine aontaichte, gu obair a thòiseachadh air pìosan gnìomhaidh a chruthachadh, agus seo a chuimseachadh a dh'ionnsaigh fhèisean buntainneach leithid Celtic Connections.	Rannsachadh a' chomais air an gnìomhadh seo a thoirt air chuairt gu nàiseanta agus eadar-nàiseanta.
Taic: Colaiste nan Ealain & nan Daonnachdan		Coimhead airson co-obrachaidhean agus com-pàirteachasan air an taobh a-muigh gus leud a' phròiseict a neartachadh. Dèan tagradh gu tùsan maoineachaidh air an taobh a-muigh.	Bidh an dreuchd seo dearbhaichte mar dhreuchd le Gàidhlig Riatanach.	

**6.4 SGEAMAICHEAN, PRÒISEACTAN ISTACHARTASAN CÀNAIN**

**GEALLTANAS 17**

“Leasaichidh sinn mar a bhios sinn a’ co-obrachadh gus taic a chur ris a’ choimhearsnachd Ghàidhlig.”



A’ Choimhearsnachd Ghàidhlig		Gnìomhan
<b>Libhrigte le</b> UofG Gàidhlig  <b>Stiùir:</b> UofG Gàidhlig  <b>Com-pàirteachas:</b> An Lòchran	<b>Gealltanas 17</b>  Bidh sinn a’ sireadh ris a’ choimhearsnachd Ghàidhlig a thuigsinn nas fheàrr, agus pròiseactan buadh-mhor is brìgh-mhor a thòiseachadh a tha ag adhartachadh Ghàidhlig a thuilleadh air buannachd don choimhearsnachd ann an dòighean eile.	2024/25, 2025/26 & 2026/27  Bidh sinn a’ dèanamh suirbhìdh air comhairlean ionadail agus buidhnean Ghàidhlig gus an t-iarrrtas airson seirbheisean coimhearsnachd Ghàidhlig a rannsachadh, le amas air stòr-dàta a stèidheachadh de bhuill coimhearsnachd taobh a-staigh sgìre Ghlaschu, agus mar bhunait do thuilleadh co-obrachaidh air cùisean co-cheangailte ri Ghàidhlig, iomairtean agus pròiseactan.  Cuidichidh an obair seo le tuigse nas fheàrr air a’ choimhearsnachd Ghàidhlig taobh a-staigh Ghlaschu a thoirt seachad, agus bhon fhiosrachadh seo is urrainn dhuinn pròiseactan co-obrachail a dhealbhadh a tha a’ frithealadh fheumalachdan agus amasan na coimhearsnachd gus leasachadh Ghàidhlig a cheangal le dèiligeadh ri cùisean sòisealta mar aonranachd.

**6.4 SGEAMAICHEAN, PRÒISEACTAN ISTACHARTASAN CÀNAIN**

**GEALLTANAS 18**

“Leasaichidh sinn mar a bhrosnaicheas sinn luchd-obrach gu com-pàirt a ghabhail sna h-iomairtean Ghàidhlig agus an cuid fhèin a leasachadh”



Iomairtean		Gnìomhan
<b>Libhrigte le</b>  <b>Stiùir:</b> Gaisgich na Gàidhlig  <b>Taic:</b> Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig	<b>Gealltanas 18</b>  Brosnaichidh sinn luchd-obrach gu pàirt a ghabhail ann an iomairtean cànanain agus an cuid fhèin a leasachadh.	2024-27  Cleachdadh lìonra luchd-obrach Gaisgich na Gàidhlig gus luchd-obrach a mhisneachadh gu pàirt a ghabhail ann an iomairt Cleachd I aig Bòrd na Gàidhlig, agus beachdachadh a bhrosnachadh mu thimcheall stèidheachadh air iomairtean ùra tro chuairt a’ phlana.

**6.4 SGEAMAICHEAN, PRÒISEACTAN ISTACHARTASAN CÀNAIN**

**GEALLTANAS 19**

“Leasaichidh sinn mar a chuireas sinn taic ris a’ Chomunn Oiseanach”



An Comunn Oiseanach		Gnìomhan	
Libhrigte le	<b>Gealltanas 19</b>	2024/25	2025/26 & 2026/27
Co-obrachadh: UofG Gàidhlig An Comunn Oiseanach	Cuiridh sinn taic ris a’ Chomunn Oiseanach a thaobh an sgeamaichean Gàidhlig fhèin a ruith agus adhartachadh.	Stèidhich coinneamh mhiosail leis a’ Chomunn Oiseanach airson ro-phlanadh air diofar sgeamaichean cànan agus tachartasan do dh’oileanaich a ruith, agus coimhead ri mar as urrainn do UofG Gàidhlig taic a thabhann.	Obraichidh UofG Gàidhlig leis a’ Chomunn Oiseanach gus planadh leantainneach a stèidheachadh, agus dèanamh cinnteach gu bheil ìre agus càileachd iomairtean Gàidhlig air an cumail àrd tron tionndadh bliadhnail de riochdairean oileanaich.

**6.4 SGEAMAICHEAN, PRÒISEACTAN ISTACHARTASAN CÀNAIN**

**GEALLTANAS 18**

“Leasaichidh sinn mar a cho-obraicheas sinn le oilthighean com-pàirteachais.”



Siostaman Dàta		Gnìomhan		
Libhrigte le	<b>Gealltanas 20</b>	2024/25	2025/26	2026/27
Stiùir: UofG Gàidhlig Com-pàirteachasan: OGE Oilthigh Obar Dheathain Oilthigh Dhùn Èideann	Co-obraichidh sinn le oilthighean gus lionra luchd-obrach a stèidheachadh, a tha an sàs ann an leasachadh Gàidhlig.	Stèidhich an lionra agus suidhich amasan, agus rannsaich bheachdan airson co-obrachadh agus tùsan maoineachaidh.	Leasaich co-obrachaidhean eadar Oilthighean le àrd-amasan co-roinnte don Ghàidhlig, agus gnìomhaich mar aon ghuth airson tagradaireachd na Gàidhlig aig an treas ìre.	A’ fàs an lionraidh gus tuilleadh amasan a stèidheachadh airson co-obrachadh eadar oilthighean a chur air adhart.

**6.5 DLEASTANAS CORPORRA AGUS PRÌOMH-SHRUTHADH**

Tro ar gealltanasan do dhleastanas corporra agus prìomh-shruthadh, roinnidh sinn an t-uallach airson leasachadh Gàidhlig gu farsaing air feadh an Oilthighe.

**Stèidhichidh sinn mar a:**

- 21** Mar a roinneas sinn an dleastanas an lùib leasachadh Gàidhlig
- 22** Mar a roinneas sinn an dleastanas airson buileachadh a’ Phlana Ghàidhlig
- 23** Mar a mhisnicheas sinn barrachd dleastanais ionmhasail don Ghàidhlig
- 24** Mar a dh’adhartaicheas sinn àrainneachdan Gàidhlig
- 25** UofG Gàidhlig thar cùrsa a’ phlana

**6.5 DLEASTANAS CORPORRA AGUS PRÌOMH-SHRUTHADH**

**GEALLTANAS 21**

*“Leasaichidh sinn mar a roinneas sinn an dleastanas an lùib leasachadh Gàidhlig”*

Lìonraidhean		Gnìomhan	
Libhrigte le	Gealltanas 21	2024/25	2025/26 & 2026/27
<b>Stiùir:</b> Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig  <b>Taic:</b> Gaisgich na Gàidhlig  SRC	Roinnidh sinn an dleastanas air Gàidhlig a leasachadh tro lìonraidhean stèidhichte agus ùr-chruthaichte de dh’oileanaich, luchd-obrach is sgiobaidhean air feadh an Oilthighe.	Stèidhich lìonra luchd-obrach Gaisgich na Gàidhlig.	Co-obrach le Comhairle Riochdachaidh nan Oileanach (SRC) gus riochdachadh mhion-chànanan a mheudachadh agus leasachadh na Gàidhlig a neartachadh air feadh an Oilthighe.

**6.5 DLEASTANAS CORPORRA AGUS PRÌOMH-SHRUTHADH**

**GEALLTANAS 22**

“Leasaichidh sinn mar a roinneas sinn an dleastanas airson buileachadh a’ Phlana Ghàidhlig”



Aithris		Gnìomhan	
<b>Libhrigte le</b>	<b>Gealltanais 22</b>	<b>2024/25</b>	<b>2025/26 &amp; 2026/27</b>
<b>Stiùir:</b> Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig	<b>Cuiridh sinn an dleastanas an lùib buileachadh a’ Phlana Ghàidhlig sa phrìomh-shruth, tro phoileasaidh agus uidheaman aithris.</b>	Cruthaich agus builich Plana Gnìomha is Sgrùdaidh bliadhnail a tha a’ suidhe fon Phlana Ghàidhlig fhoillsichte.	Bidh am Plana Gnìomha Gàidhlig stèidhichte gu math ro bhliadhna 2 agus 3, le adhartas ga aithris do UofG Gàidhlig agus gearr-iomradh de choileanaidhean air aithris do Chomataidh na Gàidhlig.
<b>Taic:</b> Sgiobaidhean tarsainn an Oilthigh.		Suidhidh am Plana le UofG Gàidhlig ach bidh e air feadh an Oilthighe le stiùiridhean air an sònrachadh do gach gnìomh, le targaid airson crìochnachadh.	

**6.5 DLEASTANAS CORPORRA AGUS PRÌOMH-SHRUTHADH**

**GEALLTANAS 23**

“Leasaichidh sinn mar a mhisnicheas sinn barrachd dleastanais ionmhasail don Ghàidhlig”



Goireasachadh		Gnìomhan
<b>Libhrigte le</b>	<b>Gealltanais 23</b>	<b>2024/25, 2025/26 &amp; 2026/27</b>
<b>Stiùir:</b> Sgiobaidhean tarsainn an Oilthigh	<b>Brosnaichidh sinn nas motha dleastanais ionmhasail don Ghàidhlig air feadh an Oilthighe.</b>	Brosnachadh sgiobaidhean co-cheangailte ri libhrigeadh cunbhalach air a’ phlana Ghàidhlig, gu planadh airson caiteachas Gàidhlig mar phàirt de am pròifil buidseataidh bliadhnail agus seo a bhiathadh tron Phlana Gnìomha is Sgrùdaidh Gàidhlig.

**6.5 DLEASTANAS CORPORRA AGUS PRÌOMH-SHRUTHADH**

**GEALLTANAS 24**

*“Leasaichidh sinn agus adhartaichidh sinn àrainneachdan a tha ag àrach Gàidhlig”*



Àrainneachdan Gàidhlig		Gnìomhan
<b>Libhrigte le</b>	<b>Gealltanas 24</b>	2024-2027
<b>Stiùir:</b> Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig	Leasaichidh sinn agus adhartaichidh sinn àrainneachdan a tha ag àrach Gàidhlig.	Sireadh aonta a thaobh Àir 3 Gàrraidhean an Oilthghe ainmeachadh mar mhion-Ghàidhealtachd (àrainneachd Ghàidhlig) a bheireadh prìomhachas do chothrom agus cleachdadh ghoireasan an togalaich, a’ gabhail a-steach àiteachan teagaisg, do dh’àiteachan teagaisg chùrsaichean is ghnìomhachdan co-cheangailte ri Gàidhlig.
<b>Taic:</b> Goireasan Oighreachdan		Bhiodh seo air a mheas mar leudachadh riatanach air amasan A’ Bhliadhna Bhogaidh agus a’ toirt aithne do chudromachd eachdraidheil an togalaich mar mhòr-ionad do leasachadh Gàidhlig. Ruigidh sinn a-mach cuideachd gu raointean eile den Oilthigh gus farsaingeachdan ainmichte a rannsachadh airson eadar-chonaltradh sòisealta ann an Gàidhlig.

**6.5 DLEASTANAS CORPORRA AGUS PRÌOMH-SHRUTHADH**

**GEALLTANAS 25**

*“Leasaichidh sinn UofG Gàidhlig thar cùrsa a’ phlana”*



UofG Gàidhlig Development		Gnìomhan	
<b>Libhrigte le</b>	<b>Gealltanas 25</b>	2024/25	2025/26 & 2026/27
<b>Stiùir:</b> UofG Gàidhlig	Leasaichidh sinn lèirsinn, amasan agus obraichean UofG Gàidhlig thar cùrsa a’ phlana seo, gus am bi e ann an suidheachadh nas fheàrr airson oileanaich, luchd-obrach agus a’ choimhearsnachd Ghàidhlig a fhrithleadh.	Coilean eacarsaich ath-bhrannaidh le leasachadh air aithris ùr rùin is lèirsinn, agus suaicheantas is duilleagan lìn ath-leasaichte.	Rannsachadh comas theicneòlasan didseatach is gluasadach leithid App UofG Gàidhlig mar dhòigh air seirbheisean is conaltraidhean UofG Gàidhlig adhartachadh, agus solarachadh dhòighean air cùisean Gàidhlig a bhrosnachadh tro ghnìomhachdan a ghabhas an gleidheadh agus clàradh sgeama cànan.

# PRÌOMH CHOMHARRAN COILEANAIDH

# 07

Prìomh Chomharran Coileanaidh	Buaidh
Cleachdadh Gàidhlig	Targaidean lìbhrigte
Conaltraidhean	Stèidhichidh sinn targaidean anailiseach bun-loidhne ann am Bliadhna 1 co-cheangailte ri beachdan, ruigsinneachd, roinnean agus iomairtean co-roinnte ag amas air fàs cuibheasach de 5% bliadhna an dèidh bliadhna.
Sgeamaichean, pròiseactan is iomairtean cànan	Fàsaidh sinn com-pàirt ann an Taigh na Gàidhlig le 50% bliadhna an dèidh bliadhna Co-obrachaidh sinn le comhairlean ionadail agus buidhnean Gàidhlig gus stòr-dàta de luchd-labhairt Gàidhlig ann an Glaschu a leasachadh. Bidh sinn ag amas air 30 neach-obrach a bhith a' com-pàrteachadh anns an sgeama comharrachaidh Gàidhlig Cleachd I ro dheireadh cuairt a' phlana.
Àrainneachd Ghàidhlig	Meudaichidh sinn an fharsaingeachd airson àrainneachdan Gàidhlig le Àir 3 Gàrraidhean an Oilthighe ainmeachadh mar Mhion-Ghàidhealtachd.
Cruthachail	Bidh sinn ag amas air conaltradh le 500 neach aig tachartasan corporra agus 2000 gu didseatach le toradh cruthachail bho ar Stiùiriche Cruthachail air mhuinntearas.
Tursan Gàidhlig	Bidh sinn ag amas air conaltradh ri 200 com-pàirtiche nar tursan Gàidhlig ro dheireadh cuairt a' Phlana.
Ionnsachadh Gàidhlig	Targaidean Lìbhrigte
Goireasan	Stèidhichidh sinn cleachdadh bun-loidhne den ghoireas acainn ag amas air seo a mheudachadh 10% bho bhliadhna 1 gu 3.
Cùrsaichean	Bidh sinn ag amas air an t-sùim iomlan de chom-pàirtichean air cùrsaichean ionnsachaidh Gàidhlig a mheudachadh 10% ro dheireadh cuairt a' phlana.
Trèanadh Luchd-obrach	Bidh sinn ag amas air conaltradh ri 300 neach-obrach le ar prògram trèanaidh mhion-chànanan cruthachail ro dheireadh cuairt a' phlana.

# AMASAN SEIRBHEIS CHORPORRA

## Suirbhidh luchd-obrach

Ùraichidh sinn ar n-eòlas air sgilean Gàidhlig am measg luchd-obrach agus oileanaich tro obair co-chomhairleachaidh agus suirbhidh, sa chiad bhliadhna den phlana.

Molaidh sinn cuideachd do luchd-obrach an comas is ealantas Gàidhlig a chlàradh tro raon phròifilean luchd-obrach. Is e ar rùn, tro ar dealas a thaobh tùsan dàta a rannsachadh co-cheangailte ri sgilean Gàidhlig oileanaich a ghlacadh (Gealltanas 13), gum bi sinn ag amas air gluasad gu modhan nas cunbhalaiche agus siostamaichte de thional an dàta seo, a' dol air adhart.

## Suaicheantas

Tha suaicheantas Oilthigh Ghlaschu ri fhaotainn ann am Beurla, ann an Gàidhlig agus ann an tionndaidhean dà-chànanach (Beurla/Gàidhlig). Thèid obair a ghabhail os làimh gus an stiùireadh air cleachdadh nan tionndaidhean Gàidhlig agus dà-chànanach ath-ùrachadh taobh a-staigh ar gealltanais air goireas Acainn Luchd-obrach a thoirt gu buil.

## Co-sgrìobhachas agus tachartasan

Tha raon cuspaireil Ceiltis is Gàidhlig a thuilleadh air UofG Gàidhlig a' cur fàilte gu gnìomhach air co-sgrìobhachas bhon phoball tro mheadhan na Gàidhlig. Anns a' chiad bhliadhna den Phlana, cuiridh sinn seo air adhart a-rithist air na duilleagan-lìn buntainneach agus leanaidh sinn a' toirt aogheachd do thachartasan dà-chànanach, le eadar-theanagachadh mar-aon mar a bhios riatanach.

## Trusadh

Tha dreuchd a' Mhanaidsear Leasachaidh na Ghàidhlig le uallach airson ar Plana Gàidhlig, na dhreuchd làn-thìde agus buan.

Tha sanasan trusaidh air am foillseachadh gu dà-chànanach far a bheil Gàidhlig na sgiol riatanach no ion-mhiannaichte airson na dreuchd.

Sa bhliadhna a dh'fhalbh (2022 – 23), tha sinn air dà dhreuchd ùr a thrusadh, le Gàidhlig na sgiol riatanach no ion-mhiannaichte. Tron phlana, bidh sinn ag amas air tuilleadh dhreuchdan le Gàidhlig riatanach a thrusadh, a' tòiseachadh le dreuchd Stiùiriche Cruthachail air Mhuinntearas. Geallaidh sinn cuideachd an àireamh iomlan de dhreuchdan Gàidhlig agus dreuchdan bàna a sgrùdadh, a' dol air adhart.

## Conaltraidhean agus foillseachaidhean

Leanaidh sinn air adhart a' sgaoileadh bhrathan-naidheachd dà-chànanach a thaobh Gàidhlig agus naidheachdan co-cheangailte ri Gàidhlig san Oilthigh. Tha stuthan UofG Gàidhlig air an toirt gu buil ann an Gàidhlig no ann an seagh dà-chànanach, far a bheil sin iomchaidh.

Tha stuthan trusaidh Ceiltis is Gàidhlig air an toirt gu buil cuideachd gu dà-chànanach. A thuilleadh air sin, tha raon cuspaireil Ceiltis is Gàidhlig a' tabhann poileasaidh cànan air susbaint acadaimigeach dà-chànanach, agus tha Miosachan an Oilthighe a' gabhail a-steach stiùiridhean air tagraidhean thràchdasan Gàidhlig.

## Corpas

Tha sinn a' cumail ri Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig 2005 ann an cunbhalachd, nuair a tha sinn ag ullachadh stuthan sgrìobhte Gàidhlig uile.

Cumaidh sinn ri ar dleastanasan seirbheis chorporra le bhith a' cumail suas taic do phròtacalan stèidhichte, a thuilleadh air cuid de ghealltanasan àrdachadh agus a neartachadh.

Tha an liosta a leanas de ghealltanasan seirbheis chorporra, a chaidh a stèidheachadh mar chleachdadh àbhaisteach taobh a-staigh Oilthigh Ghlaschu, nan toradh air Planadh Gàidhlig leantainneach agus leasachadh poileasaidh bho 2012.

Is e na gealltanasan air an ath duilleag, iadsan nach eil air an làn mhìneachadh taobh a-staigh ar prìomh chlàr ghealltanasan.

# 08

# BUILEACHADH, SGRÙDADH AGUS FOLLAISEACHD

# 09

## Plana Gnìomha is Sgrùdaidh Gàidhlig

Bheir am Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig Plana Gnìomha is Sgrùdaidh Gàidhlig gu buil a bhios a' suidhe fon phrìomh phlana fhoillsichte. Seòrsaichidh am Plana Gnìomha is Sgrùdaidh Gàidhlig gnìomhan a tha a' tighinn fo ghealltanasan agus targaidean a' phlana fhoillsichte ann an clàran KPI a' Phlana Ghàidhlig, agus thèid luchd-obrach a shònrachadh mar phrìomh luchd-buileachaidh air feadh an Oilthighe.

Thèid aithisg bhliadhnail a chruthachadh bhon fhiosrachadh air a thional tron Phlana Gnìomha is Sgrùdaidh Gàidhlig agus a chur gu Comataidh na Gàidhlig airson beachdachadh.

## Comataidh na Gàidhlig

Is e bòrd ro-innleachdail a th' ann an Comataidh na Gàidhlig a bhios a' stiùireadh libhrigeadh air a' phlana. Air a' chomataidh, bidh luchd-obrach a tha air an taghadh mar thoradh air an eòlas, sgilean agus cumhachdan co-dhùnaidh ro-innleachdail taobh a-staigh an Oilthighe, a bheir comhairle air libhrigeadh a' phlana a thuilleadh air na raointean a leanas:

- Stiùireadh Èifeachdach a' Phlana
- Prìomh-shruthadh
- Daoine agus Goireasan
- Cothroman taobh a-muigh UofG

## Gaisgich na Gàidhlig

Bidh Gaisgich na Gàidhlig mar lìonra de luchd-obrach Gàidhlig le ùidh ann an tagradh às leth leasachadh na Gàidhlig air feadh an Oilthighe. Bidh sinn ag amas air taic a chur ris a' bhuidheann gu bhith fèin-chomasach agus air a stiùireadh le luchd-obrach, le taic bhon Mhanaidsear Leasachaidh na Gàidhlig.

## PCCan Poblach

Tha sinn airson a h-uile oidhirp as urrainn dhuinn a dhèanamh air na coimhearsnachdan Gàidhlig agus an comann sòisealta san fharsaingeachd, a thoirt an sàs sa phlana. Anns an spiorad seo, bidh sinn a' coimhead ri beagan PCCan làidir fhoillseachadh a tha a' toirt seachad tar-shealladh luath air ar soirbheachadh a thaobh libhrigeadh a' phlana.

Tha na comharran a tha sinn am beachd fhoillseachadh a' gabhail a-steach:

- Àireamh sa cheud de ghealltanasan iomlan a tha crìochnaichte
- Àireamh chom-pàirtichean ann an sgeamaichean cànan
- Tuairmse air àireamhan de luchd-tadhail aig tachartasan Gàidhlig air an ruith le UofG.

Àireamh Clàraidh Carthannais: SC004401  
Còraichean (Oilthigh Ghlaschu)  
Foillsichte ann an 2024  
Dealbhachadh le Lateral North